



Ceistean

Thoir sùil air paragraf 1.

1 (a) Beachdaich air structair nan seantans.

(b) Ciamar a tha an structair seo mar shamhla air na tha tachairt san sgeulachd?

Thoir sùil air paragraf 3.

2. (a) Thoir seachad eisimpleir de dh'abairt no briathran a tha a' sealltainn dhuinn gu bheil càirdeas caran sàraichte eadar Emma agus a màthair.

(b) Nad fhaclan fhèin, mìnich mar a tha na briathran seo a' dèanamh a' chàirdeis eatarra follaiseach.

3. “a’ cur às a corp”

Dè tha an abairt seo a’ ciallachadh?

Thoir sùil air paragraf 8.

4. (a) Dè tha am facal ‘eadar-ràdh’ a’ ciallachadh?

(b) Thoir seachad eisimpleir de eadar-ràdh ann am paragraf 8

(c) Ciamar a tha e èifeachdach gu bheil an sgrìobhadair a’ cleachdadh eadar-ràdh an seo?

Thoir sùil air paragraf 8.

5. Nad fhaclan fhèin, inns mar a tha an sgrìobhadair a’ toirt fa-near dhan leughadair gu bheil co-là breith Emma air a bhith air a chuartachadh le bròn cho fad ‘s as cuimhne leatha.

Thoir sùil air paragraf 10.

6. (a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mu pharagraf 10?

(b) Ciamar a tha an structair seo èifeachdach?

Thoir sùil air a’ chiad pharagraf agus am paragraf mu dheireadh.

7. Dè tha an “doras geal” a’ samhlachadh?

Thoir sùil air an sgeulachd gu lèir.

8. A bheil thu den bheachd agus e èifeachdach gu bheil an sgeulachd a’ tòiseachadh le Emma a’ brùadar agus a’ crìochnachadh le Emma a’ brùadar. Mìnich do fhreagairt.

- 9. Tron sgeulachd, tha Emma daonnan a' faighneachd cheistean dhi fhèin. Dè tha seo ag innse dhuinn mu staid inntinn Emma?**

- 10. Chan eil seanmhair Emma a' nochdadh ach dà thuras san sgeulachd (Paragraf 9 agus paragraf 13) A dh'aindeoin seo, 's e caractar air leth cudromach a th' innte. Minich mar a tha seanmhair Emma cudromach dhan sgeulachd.**

- 11. A bheil thu a' meas an tiotal 'An Doras' freagarrach airson na sgeulachd seo? Minich do fhreagairt.**